



OIFIGEAR CÀILEACHD

Fios mun Dreuchd

A charaid/A bhanacharaid,

Tha sinn fìor thoilichte gu bheil sibh air ùidh a nochdadh anns an dreuchd Oifigear Càileachd aig Sabhal Mòr Ostaig.

Anns a' phasgan seo, thathas air beagan fiosrachaidh a tharraing ri chèile airson blasad a thoirt dhuibh air na bhios a' dol aig a' Cholaiste agus air an t-seòrsa àrainneachd-obrach a tha againn. Tha c.90 neach-obrach FTE sa Cholaiste agus tha eachdraidh làidir againn a bhith ag obair mar sgioba le dàimhean làidir agus feallsanachd cho-obrachail.

Tha mi an dòchas gun còrd na leanas ribh agus gum bi sibh airson ur n-iarrtas a thoirt air adhart chun na h-ath ìre. Ma tha ceistean sam bith agaibh no ma tha barrachd fiosrachaidh a dhìth oirbh faodar fios a chur gu Eairdsidh MacGilleathain: aml1.smo@uhi.ac.uk

Le deagh dhùrachdan,



An t-Oll. Marsaili Nicleòid
Stiùiriche an Fhoghlaim

mnl1.smo@uhi.ac.uk



SABHAL MÒR OSTAIG

IONAD NÀISEANTA CÀNAN IS CULTAR NA GÀIDHLIG

Tha Sabhal Mòr Ostaig, an t-Ionad Nàiseanta airson Cànan is Cultar na Gàidhlig, na ionad Gàidhlig bho bhun gu bàrr agus sinn a' tairgsinn chothroman ionnsachaidh, rannsachaidh agus cultarach a tha sàr mhath gus an urrainn do ar n-oileanaich, luchd-obrach agus luchd-compàirt a' Ghàidhlig a thoirt air adhart.

Stèidhichte ann an Slèite anns an Eilean Sgitheanach, 's e Sabhal Mòr Ostaig an aon ionad Foghlam Àrd-ìre is Leantainneach anns an t-saoghal a tha a' libhrigeadh a chuid phrògraman ionnsachaidh tro mheadhan na Gàidhlig a-mhàin ann an àrainn bhogaidh bheairteach.

Chaidh na ciad chùrsaichean goirid Gàidhlig a chumail an seo san t-Sultain 1973. San latha an-diugh, tha buaidh ar n-obrach a' sgaoileadh fada seachad air

crìochan an Eilein Sgitheanaich agus sinn a' tàladh mhiltean de dh'oileanaich à Alba agus co-dhiù 25 dùthchannan eile gach bliadhna.

Eadar cùrsaichean do luchd-tòiseachaidh is teisteanasan PhD; cùrsaichean goirid, pàirt-ùine no làn-ùine; ionnsachadh air làrach an ionaid no air astar: tha rudeigin ann dhan a h-uile duine aig Sabhal Mòr Ostaig. Tha foghlam bogaidh na bhunait dhan a h-uile rud a nì sinn mar an aon ionad foghlaim treas-ìre san t-saoghal a tha a' tairgsinn a chuid chùrsaichean gu tur sa Ghàidhlig.

AR LÈIRSINN

'S e ar lèirsinn, airson an ath chòig bliadhna, gum bi sinn nar sàr ionad Gàidhlig, a' tairgsinn chothroman ionnsachaidh, rannsachaidh agus cultarach a tha barraichte, gum faigh gach duine againn cothrom a bhith ealanta sa chànan agus sa chultar, agus sinn nar tosgairean dhan Ghàidhlig.



AR PRÌOMH AMASAN RO-INNLEACHDAIL

- **IONNSACHADH AIR LETH SÒNRAICHTE ANN AN GÀIDHLIG** - Cumaidh sinn oirnn a' togail coimhearsnachd smiorail Ghàidhlig - le luchd-labhairt misneachail, sgileil agus lèirsinneach a nì feum is diofar tron Ghàidhlig sna coimhearsnachdan is àiteachan-obrach aca.
- **RANSACHADH, SGOILEARACHD AGUS CO-PHÀIRTEACHADH EÒLAIS** - Cumaidh sinn oirnn a' dèanamh sàr obair rannsachaidh agus nì sinn feum nach beag dhan Ghàidhlig agus do choimhearsnachdan Gàidhlig tro rannsachadh is co-phàirteachadh eòlais a nì sinn ann an dòighean cruthachail is co-obrachail.
- **EALAIN IS CULTAR NA GÀIDHLIG** - Cumaidh sinn oirnn a' cur ris an inbhe againn mar phrìomh ionad airson Ealain is Cultar na Gàidhlig, le bhith a' toirt taic do dh'obair ùr le luchd-obrach agus oileanaich agus le bhith ag obair còmhla ri sàr luchd-ealain is luchd-cruthachaidh agus buidhnean ealain.
- **SEASMHACHD IS RIAGHLADH** - Cumaidh sinn oirnn a' cur ri seasmhachd ar n-obrach agus a' neartachadh ar structaran is modhan riaghlaidh mar bhuidhinn làidir, neo-eisimeilich Ghàidhlig.
- **AR N-ÀRAINNEACHD** - Bidh ar n-àrainneachd Ghàidhlig fhathast a' frithealadh air feumalachdan an luchd-cleachdaidh.
- **CO-CHONALTRADH IS COM-PÀIRTEACHAS** - Bidh sinn nar tosgaire is nar riochdaire ùghdarrasail is buadhach dhan Ghàidhlig: a' coileanadh ar rùin, a' co-phàirteachadh fiosrachadh le ar prìomh luchd-ùidhe, agus a' neartachadh coimhearsnachd Shabhal Mòr Ostaig.

AR LUACHAN

ÀRD-AMASACH:

'S ann le amasan àrda a bheir sinn stiùir is taic do chàch, agus sinn a' dèanamh nas urrainn dhuinn gus ar prìomh amasan a choileanadh, a chum maith na Gàidhlig a tha na cànan beò agus aig a bheil cultar brìoghmhor.

BROSNACHAIL:

Bidh ar coimhearsnachd thaiceil, Ghàidhlig, sam faighear bogadh sa chànan, na h-adhbhar misneachd do ar n-oileanaich, luchd-obrach agus luchd-ùidhe.

CO-OBACHAIL:

Bidh sinn ag obair còmhla ri ar coimhearsnachdan is luchd-ùidhe gus na goireasan is am bun-structair a tha a dhìth a chruthachadh gus ar n-amasan coitcheann airson cànan is cultar na Gàidhlig a choileanadh.

DEALASACH:

Tha sinn air cur romhainn togail air mar a tha sinn air soirbheachadh mar an t-Ionad Nàiseanta airson Cànan is Cultar na Gàidhlig agus sinn a' daingneachadh ar n-àrainneachd ionnsachaidh Ghàidhlig shònraichte, a' frithealadh air coimhearsnachdan Gàidhlig, agus a' togail bratach cànan is cultar na Gàidhlig.

FOSGAILTE:

Tha fàilte mhòr ron a h-uile duine aig Sabhal Mòr Ostaig; agus tha sinn fosgarra is soilleir nar conaltradh agus san dàimh a th' againn le daoine.

SEASMHACH:

Tha sinn a' cuideachadh gus coimhearsnachdan seasmhach, Gàidhlig a chruthachadh, leithid coimhearsnachd na Colaiste fhèin, agus tha sinn ag atharrachadh ar modhan-obrach gus an ruig sinn cothromachadh-carboin.

CÙRSAICHEAN IS OILEANAICH

'S e colaiste ùr-ghnàthach a th' ann an Sabhal Mòr Ostaig agus tha i na com-pàirtiche acadaimigeach ann an Oilthigh na Gàidhealtachd 's nan Eilean. Tha goireasan ionnsachaidh air leth ann, leabharlann sònraichte, spèisealta, àiteachan-fuirich air an àrainn agus ionad cùraim chloinne faisg air làimh.

Tha còrr is 250 oileanach clàraichte air cùrsaichean foghlaim àrd-ìre againn ann an 2024-25 agus còrr is 300 oileanach ag ionnsachadh Gàidhlig air astar air a' Chùrsa Inntigidh. Bidh na Cùrsaichean Goirid a' ruith tron bhliadhna, an dà chuid air-loidhne agus air làrach an t-Sabhail aig àm na Càisge agus tro mhiosan an t-Samhraidh, nuair a gheibh faisg air 800 neach taic, teagasg agus oideachadh sa Ghàidhlig agus ann an ceòl, seinn is cultar na Gàidhlig. 'S ann à Alba agus às an Rìoghachd Aonaichte a bhios a' mhòr-chuid, ach bidh oileanaich a' tighinn thugainn às na Stàitean Aonaichte, dùthchannan Eòrpach agus Àisia cuideachd. Tha e àbhaisteach gum bi co-dhiù fichead dùthaich air an riochdachadh am measg oileanaich an t-Sabhail sa bhliadhna.

Tha luchd-ceumnachaidh an t-Sabhail air a dhol air adhart gu dreuchdan Gàidhlig ann an iomadach gnìomhachas, a' cur an sgilean gu feum ann an leasachadh a' chàinain. Tha còrr is 1,500 ceumnaiche air tighinn tro dhorsan na Colaiste, bhon a thòisich na cùrsaichean àrd-ìre ann an 1985.

Foghlam Adhartach

Cùrsaichean Goirid - Gàidhlig (gach ìre) agus Ceòl (measgachadh)
An Cùrsa Inntigidh - do luchd-tòiseachaidh air astar
Preantasachd Stèidheachaidh anns na Meadhanan Didseatach
Preantasachd Stèidheachaidh ann an Seirbhisean Sòisealta (Clann is Daoine Òga)
SVQ 2 ann an Seirbhisean Sòisealta (Clann is Daoine Òga)
SVQ 3 ann an Seirbhisean Sòisealta (Clann is Daoine Òga)

Foghlam Àrd-ìre

Teisteanasan Foghlaim Àrd-ìre

CertHE An Cùrsa Adhartais - do luchd eadar-mheadhanach air astar
CertHE An Cùrsa Comais - do luchd eadar-mheadhanach (làrach)
CertHE Gàidhlig is Conaltradh - bliadhna càinain do dh'fhileantaich (làrach)
Dioplòma Foghlaim Àrd-ìre (Diop HE) anns na Meadhanan Gàidhlig
Dioplòma Foghlaim Àrd-ìre (Diop HE) ann an Gàidhlig is Cuspairean Co-cheangailte

Ceumannan

BA (Urr) Gàidhlig
BA (Urr) Gàidhlig le Leasachadh
BA (Urr) Gàidhlig is Ceòl
BA Urr Gàidhlig is Foghlam (teisteanas teagaisg na lùib)

For-cheumannan

PGDE (Slighe Ghàidhlig - Bun-sgoil agus Àrd-sgoil)
MSc Cultar Dùthchasach is Eachdraidh na Gàidhealtachd
PDA Eadar-theangachadh Gàidhlig
MEd. Foghlam Gàidhlig
Cothroman MRanns agus PhD

COIMHEARSNACHD RANNSACHAIDH SHABHAL MÒR OSTAIG

Tha àite cudromach aig Sabhal Mòr Ostaig ann an ath-bheothachadh cànanach agus cultarach na Gàidhlig ann an Alba. Tha cliù eadar-nàiseanta againn airson a bhith a' sgrùdadh eachdraidh agus litreachas na Gàidhlig, an-dè agus an-diugh; airson rannsachadh air taobhan poilitigeach, foghlaim agus coimhearsnachd de dh'ath-bheothachadh mhion-chànanan; agus airson a dhol an sàs ann an ealain chruthachail Ghàidhlig agus ann am meadhanan craolaidh agus air-loidhne.

Ionad Sàr-mhathais ann an Teagasg (ISMT)

Tha Sabhal Mòr Ostaig a' riochdachadh Foghlam Gàidhlig mar phrìomh ionad air a' phròiseact *Ionad Sàr-mhathais ann an Teagasg (ISMT)* ann an co-bhonn ri Oilthigh Ghlaschu. Mairidh am pròiseact cudromach seo ann an ionnsachadh proifeiseanta agus cothroman rannsachaidh do thidsearan gu, co-dhiù, Am Màrt 2026.

Pròiseactan Nàiseanta Eile

Tha Sabhal Mòr Ostaig na dhachaigh do ghrunn phrìomh phròiseactan ro-innleachdail ceangailte ris a' Ghàidhlig agus grunn phrògraman co-cheangailte ri leasachadh ghoireasan. Tha e na dhachaigh don phròiseact eadar-oilthigh Faclair na Gàidhlig, Ainmean-Àite na h-Alba, agus Tobar an Dualchais. Tha sinn cuideachd nar com-pàirtiche ann an SpeakGaelic agus grunn phròiseactan cudromach nàiseanta is eadar-nàiseanta eile le fòcas air leasachadh mhion-chànanan, ionnsachadh cànan le taic coimpiutair, leasachadh coimhearsnachd agus ealain mhion-chànanan.

Tha an ro-innleachd rannsachaidh is buaidh againn ag amas air togail air a' chliù rannsachaidh àrd-ìre a tha againn agus gun lean sinn oirnn a' cur prìomhachas air gnìomhan rannsachaidh a leasaicheas tuigse agus mothachadh air cànan, cultar agus dualchas na Gàidhlig.

Tha cothroman trèanaidh agus leasachaidh aig luchd-obrach a tha an sàs ann an rannsachadh, a bharrachd air cothroman air comhairleachadh, maoinachadh agus saorsa bho dhleastanasan eile airson gnìomhan rannsachaidh a dhèanamh, le taic tro Mhaoin Leasachaidh Luchd-obrach Shabhal Mòr Ostaig agus Maoin Cho-labhairtean agus Maoin Shiubhail OGE. Bidh sinn a' cumail sreath de cho-labhairtean rannsachaidh gu cunbhalach far am bi an luchd-obrach againn fhèin agus luchd-tadhail agus oileanaich fhor-cheumnach a' taisbeanadh an cuid obrach.

ÀRAINNEACHD BHEOTHAIL

'S e ionad ionnsachaidh beothail, adhartach a th' ann an Sabhal Mòr Ostaig, a bhios ag amas air coimhearsnachd Ghàidhlig làn misneachd is soirbheachais a bhrosnachadh. Tha iomadh pròiseact agus buidheann stèidhichte air làrach na Colaiste (faicibh an liosta gu h-ìosal), agus bithear a' cumail iomadh tachartas ionadail ann cuideachd.

Tha iomadh togalach againn air an làraich agus bidh buidhnean is pròiseactan stèidhichte againn a' dearbhadh cho cudromach 's a tha com-pàirteachas ann an saoghal na Gàidhlig agus mar a tha a' Cholaiste cuideachd a' cumail taic ri gnìomhachasan anns an sgìre fhèin.

Pròiseactan (far a bheil com-pàirt aig a' Cholaiste)

Faclair na Gàidhlig

Ainmean-Àite na h-Alba

Tobar an Dualchais

Ionad Sàr-mhathais ann an Teagasg

SpeakGaelic

FICE



PRÒGRAMAN FO-CHEUM AGUS FOR-CHEUM AIG SABHAL MÒR OSTAIG

Tha Sabhal Mòr Ostaig a' tabhann grunn chùrsaichean fo-cheum agus for-cheum, air astar agus air an àrainn, le modalan spèisealta ann an cànan, leasachadh agus poileasaidh cànan, litreachas, dualchas, na meadhanan, foghlam, ceòl traidiseanta agus eadar-theangachadh. Tha na goireasan leabharlainn agus tasglainn againn a' sìor-fhàs, agus a' tarraing àireamh nas motha de dh'oileanaich fhor-cheum. Bha sinn riamh èasgaidh gu frithealadh air feumalachdan foghlaim na Gàidhlig, agus tha sin air aithneachadh san inbhe a tha againn mar Ionad Nàiseanta Cànan is Cultar na Gàidhlig. Bha sinn aig teis-meadhan nan oidhirpean a thug Oilthigh na Gàidhealtachd is nan Eilean gu buil. Ann an 2023, chomharraich sinn 50 bliadhna de Shabhal Mòr Ostaig agus tha sinn ag obair air planaichean airson inbhe Shabhal Mòr Ostaig mar Ionad Nàiseanta Cànan is Cultar na Gàidhlig a neartachadh.

Cùrsaichean Fo-cheuma

Tha na trì ceumannan BA/BA le Urram ann an Gàidhlig, Gàidhlig agus Ceòl agus Gàidhlig & Foghlam ag obair còmhla ann an 'sgeama', a' tòiseachadh le 'bliadhna cànan' (le cùrsaichean fa leth aig SCQF Ìre 7 do luchd-ionnsachaidh, oileanaich a tha fileanta ann an Gàidhlig, agus oileanaich air astar). An-dràsta tha na prògraman seo a' gabhail a-steach litreachas (bhon latha an-diugh air ais gu linn na Gàidhlig Clasaigich), dualchas agus beul-aithris, eachdraidh na Gàidhlig is na Gàidhealtachd, ainm-eòlas, ceòl traidiseanta, eòlas cànan agus eòlas dhualchainntean, eòlas foghlaim, sgilean rannsachaidh agus sgilean eadar-theangachaidh. Tha modalan ann an leasachadh dùthchail agus leasachadh cànan a leigeas le oileanaich ceumnachadh le spèisealachd, BA le Urram ann an Gàidhlig le Leasachadh. Tha an teagasg air BA (le Urram) Gàidhlig agus Foghlam a' cur fòcas sònraichte air foghlam bogaidh agus dòighean-teagaisg iomchaidh airson àrainneachd bhrosnachail Ghàidhlig a stèidheachadh san sgoil. Tha àrainneachd na Colaiste a' cur gu mòr ris an fheallsanachd seo. Chuireamaid fàilte air tagraichean a tha air a bhith an sàs gu mòr ann an ro-innleachdan sònraichte a thaobh Foghlam Gàidhlig aig ìre ionadail no ìre nàiseanta. Bhiodh cothrom aig an tagraiche shoirbheachail cur ri ath-nuadhachadh agus leasachadh a' chlàir-theagaisg, a rèir nan spèisealachdan aca fhèin.

Cùrsaichean For-cheuma

A bharrachd air oileanaich rannsachaidh PhD, tha cùrsaichean for-cheuma againn - MSc ann an Cultar Dùthchasach & Eachdraidh na Gàidhealtachd, Maighstireachd Rannsachaidh ann an Gàidhlig is Ceiltis, MEd ann am Foghlam Gàidhlig, agus PGDE ann am Foghlam (Bun-sgoil, Gàidhlig mar chuspair san àrd-sgoil agus cuspairean tro mheadhan na Gàidhlig san àrd-sgoil). Tha sinn cuideachd air cùrsaichean for-cheuma a thabhann ann am foillseachadh agus ann an eadar-theangachadh.

FIOS MUN DREUCHD

OIFIGEAR CÀILEACHD



Tha Sabhal Mòr Ostaig aithnichte mar ionad spèisealta airson foghlam tro mheadhan na Gàidhlig. Tha sgioba ghleusta stèidhichte aig Sabhal Mòr Ostaig a tha a' libhrigeadh chùrsaichean aig ìre SCQF 4 air adhart, aig ìre fo-cheuma agus for-cheuma, agus iad a' cruthachadh chothroman ann an ionnsachadh proifeiseanta agus ag obair ann an com-pàirteachas ri sgoiltean airson ùidh a bhrosnachadh ann an Gàidhlig am measg sgoilearan.

Tha Sabhal Mòr Ostaig an-dràsta a' sireadh thagraichean mu choinneimh na dreuchd, Oifigear Càileachd air cùmhnannt airson ùine shuidhichte airson co-dhiù 24 mìosan mar thoradh air ùine a tha an sgioba stèidhichte a' cur mu choinneimh an t-siostaim càileachd ùir Tertiary Quality Enhancement Framework (TQEF).

Tha an obair stèidhichte air làrach na Colaiste ach bheir sinn beachd air tagraidhean bho dhaoine a tha airson a bhith ag obair eadar an taigh agus an oifis. Bidh an neach soirbheachail a' cur gu mòr ri leasaichean foghlaim na Colaiste, a' gabhail a-steach, sgrùdadh bliadhna is pròiseasan dearbhaidh a bheir taic do leasachadh leantainneach.

Tha sinn a' cur fàilte air iarrtasan airson na dreuchd seo bho thagraichean uidheamaichte aig a bheil eòlas ann am foghlam aig an treas ìre agus ùidh ann an obair làn- no pàirt-ùine.

'S e cothrom air leth a tha seo airson taic a chumail ri foghlam Gàidhlig agus a bhith a' co-obrachadh ann an sàr sgioba air àrainneachd bhrosnachail, dhùbhlach is luachmhor, tro mheadhan na Gàidhlig. Bhiodh eòlas air obair càileachd ann an Colaiste no Oilthigh feumail, ach chan eil e riatanach.

TUAIRISGEUL OBRACH

DREUCHD	Oifigear Càileachd
UAIREAN OBRACH	Làn-thìde (ach thèid beachdachadh air nas lugha uairean)
CÙMHNANT	Ùine shuidhichte – airson co-dhiù 24 mìosan
ROINN	Roinn an Fhoghlaim
FO STIÙIR	Leas-Stiùiriche an Fhoghlaim
ÌRE TUARASTAIL	Sgèile Nàiseanta Òraidichean Cholaistean: £36,859-£40,716
PRÌOMH ÀITE-OBRACH	Sabhal Mòr Ostaig, Slèite ach le sùbailteachd a bhith ag obair eadar an taigh agus an oifis.
CEANN-LATHA	5.00f 8 Cèitean 2026

RO-RÀDH

'S e Sabhal Mòr Ostaig Ionad Nàiseanta na h-Alba airson Cànan is Cultar na Gàidhlig agus tha e na phrìomh ionad foghlaim àrd-ìre is adhartach tro mheadhan na Gàidhlig. Tha a' Cholaiste dealasach a thaobh sàr-ìre ann an teagasg, rannsachadh agus conaltradh coimhearsnachd, agus tha i a' cur ri ath-bheothachadh na Gàidhlig gu h-ionadail, gu nàiseanta agus gu h-eadar-nàiseanta.

PRÌOMH AMAS NA H-OBRACH

A' cur gu mòr ri teagasg, rannsachadh agus buaidh, a' gabhail a-steach dealbhadh is libhrigeadh cùrsa aig ìre ro-Bheir an t-Oifigear Càileachd taic do leasachadh, buileachadh agus sgrùdadh phròiseasan dearbhadh is leasachadh càileachd air feadh na Colaiste, a' dèanamh cinnteach gu bheil sinn, leis na h-ìrean acadaimigeach againn, a' coileanadh riatanasan chom-pàirtichean agus riaghladairean na roinne.

PRÌOMH DHLEASTANASAN AGUS UALLAICHEAN

Teagasg agus Ionnsachadh

- A' co-òrdanachadh frèam dearbhadh càileachd na Colaiste a rèir riatanasan QAA, SFC, QS agus oilthighean com-pàirteach.
- Taic do sgrùdadh bliadhnail, lèirmheasan phrògraman agus pròiseasan dearbhaidh.
- Mion-sgrùdadh air fios air ais bho oileanaich agus aithisgean luchd-sgrùdaidh.
- A' cur ri leasachadh phrògraman is mhodalan ùra.

Poileasaidhean agus a' Coileanadh Riatanasan

- A' cuideachadh le dreachdadh agus ath-sgrùdadh phoileasaidhean acadaimigeach.
- A' dèanamh cinnteach gu bheil a' cumail ri Còd Càileachd nàiseanta.
- Ag ullachadh aithisgean do chomataidhean agus do chom-pàirtichean.

Co-obrachadh agus Taic

- Ag obair gu dlùth le luchd-obrach gus pròiseasan càileachd fhisge a-steach.
- Stiùireadh agus trèanadh a thoirt seachad.
- A' togail ceangal ri buidhnean bhon taobh a-muigh.

Rianachd agus Data

- A' cumail suas stòran-dàta càileachd.
- Dèan cinnteach gu bheil riaghladh èifeachdach fiosrachaidh is sgrìobhainnean ann le bhith a' cleachdadh phrògraman leithid MS Teams agus SharePoint.
- Cuir taic ri cruinneachadh, sgrùdadh agus aithris dàta, fiosrachaidh agus fios-air-ais a bheir taic do leasachadh leantainneach.
- A' toirt taic do sgrùdaidhean bhon taobh a-muigh.
- A' deasachadh aithisgean staitistigeil.

Eile

- A' togail dhàimhean le luchd-ùidh air an taobh a-muigh, a' cur ri obair is inbhe na Colaiste agus a' taisbeanadh sàr-mhathas agus cothroman co-obrachaidh.
- A' dol an sàs ann an gnìomhan leasachaidh proifeiseanta leantainneach mar a bhios iomchaidh.
- A' cur ri àrdachadh ìomhaigh eadar-nàiseanta na Colaiste a rèir na Ro-innleachd.
- A bhith a' cur ri poileasaidh cànan na Colaiste agus a bhith a' gabhail pàirt ann an iomairtean gus àrainneachd Ghàidhlig na Colaiste a neartachadh.
- Dleasan iomchaidh sam bith eile mar a thèid iarraidh le Manaidsear/Stiùiriche an Fhoghlaim.



Seo tuairisgeul air an obair mar a tha i. Sa chumantas thèid beachdachadh air seo bho àm gu àm gus dèanamh cinnteach gu bheil e iomchaidh agus gus atharrachaidhean sam bith a dhèanamh. Thèid seo a dhèanamh leis an neach-obrach agus le manaidsear agus mar sin thathas a' sùileachadh gun gabh sibh pàirt anns na còmhraidhean seo.

Tha Sabhal Mòr Ostaig ag iarraidh gun gabh cùisean aontachadh leis gach neach ach far a bheil seo do-dhèante, tha còraichean aig Sabhal Mòr Ostaig air atharrachaidhean ciallach a dhèanamh a rèir tuarastal an neach-obrach às dèidh bruidhinn ris/rithe mun chùis.

Ceann-là: 17/04/2026

COMASAN AN NEACH-OBRACH

Tha sinn a’ sireadh Oifigear Càileachd a tha air leth dealasach is rianail aig a bheil eòlas aig ìre fhreagarraich a tha a’ coileanadh shlatan-tomhais an tuairisgeil obrach seo, agus aig a bheil na comasan a leanas:

	RIATANACH	NA BHUANNACHD
Teisteanasan agus trèanadh proifeiseanta	Ceum no eòlas co-ionann.	
Eòlas	Eòlas air dearbhadh càileachd ann am foghlam no àrainneachd riaghlachd. Eòlas air obair chomataidhean.	Eòlas air Còd Càileachd Foghlam Àrd-ìre na RA airson Foghlam Àrd Ìre. Eòlas air Frèam TQER- Tertiary Quality Enhancement Review. Eòlas air obair le oilthighean com-pàirteach.
Sgilean	Fileantachd sa Ghàidhlig a thaobh labhairt, leughadh agus sgrìobhadh. Comas dearbhte air conaltradh le diofar bhuidhnean is luchd-ùidh. Sgilean math rianachd agus comasan eagrachaidh làidir agus aire do mhion-fhiosrachadh. Comas sgilean a nochdadh ann am Microsoft Office airson rianachd agus ann an goireasan eile leithid Sharepoint	
Comasan Pearsanta	Comas obrachadh ann an sgioba. Dealas do leasachadh na Gàidhlig.	



FIOSRACHADH EILE:

UAIREAN-OBACH:

Làn-ùine. Bidh sibh ag obair 35 uairean san t-seachdain

SAOR-LÀITHEAN:

35 làithean (a' gabhail a-steach saor-làithean poblach)

SGÈILE TUARASTAIL:

Sgèile Nàiseanta Òraidichean Cholaistean: £36,859-£40,716

Thèid tuarastal a phàigheadh a-steach gu cunntas banca air an latha-obrach mu dheireadh dhen mhios.

Tha sgeama pheinnseanan aig a' Cholaiste a tha fosgailte don luchd-obrach air fad.

Ni gach neach-obrach Measadh-obrach Bliadhnaile còmhla ris a' Mhanaidsear aca gus cuideachadh le bhith a' dèanamh cinnteach gum bi seirbheisean sàr-mhath againn, agus gus feumalachdan trèanaidh luchd-obrach a chomharrachadh agus taic a thoirt dhaibh le leasachaidhean pearsanta.

Tha Sabhal Mòr Ostaig ag amas air taic shònraichte a thoirt dhuibh gus na sgilean cànan agad a leasachadh agus thèid cothroman sònraichte ionnsachaidh a thabhann dhuibh ri linn seo.

Thèid tuarastal a phàigheadh a-steach gu cunntas banca air an latha-obrach mu dheireadh dhen mhios.

Tha sgeama pheinnseanan aig a' Cholaiste a tha fosgailte don luchd-obrach air fad.

Ni gach neach-obrach Measadh-obrach Bliadhnaile còmhla ris a' Mhanaidsear aca gus cuideachadh le bhith a' dèanamh cinnteach gum bi seirbheisean sàr-mhath againn, agus gus feumalachdan trèanaidh luchd-obrach a chomharrachadh agus taic a thoirt dhaibh le leasachaidhean pearsanta.

'S i a' Ghàidhlig cànan na Colaiste agus feumaidh e a bhith comasach dhuibh a bhith ag obair sa Ghàidhlig gach latha.

Tha Sabhal Mòr Ostaig ag amas air taic shònraichte a thoirt dhuibh gus na sgilean cànan agad a leasachadh agus thèid cothroman sònraichte ionnsachaidh a thabhann dhuibh ri linn seo.

CÀITE? WHERE?

ALBA
SCOTLAND

AN T-EILEAN SGITHEANACH
ISLE OF SKYE

SABHAL MÒR OSTAIG



WWW.SMO.UHI.AC.UK



Sabhal Mòr Ostaig, Ostaig, Slèite, An t-Eilean Sgitheanach IV44 8RQ
01471 888 000 / iarrtas@smo.uhi.ac.uk



SABHAL
MÒR
OSTAIG

Tha Sabhal Mòr Ostaig na charthannas clàraichte an Alba
SC002578

